

Clann an latha an-dè



Alba, 1856

Spòrs sa Chaisteal

An Sgeulachd

Tha an sgeulachd a' gabhail àite ann an Caisteal Mhoireach ann an 1856. Tha seudan agus nithean eile air a dhol air chall.

Rannsaich na ceithir àitean ann an Caisteal Mhoireach agus sgrùd na tuairmsean airson faighinn a-mach dè a thachair.

An Seòmair-suidhe



Bha tòrr rumannan ann an taighean Bhictòrianach ach b' e an seòmair-suidhe am fear a b' fheàrr. B' ann an seo a bhiodh na h-inbhich a' cur seachad gach feasgar. Bhiodh a' Bhana-mhorair Mhoireach air na pìosan àirneis a thaghadh airson sealltainn cho beartach 's cho fasanta 's a bha i. Tha an rùm brèagha, agus eadar-dhealaichte bho rumannan eile aig deireadh an linn.

Nithean



Bha 13 searbhantan aig a' Mhorair 's a bhean ann an 1851. Airson searbhant a ghairm, bhiodh na Moirich a' cleachdadh inneal-slaodaidh clag. Bha fear anns gach seòmair agus bha gach inneal-slaodaidh ceangailte ri sreath de chluigean ann an talla nan searbhantan.




B' e am prìomh obair a bha aig searbhant-taighe a bhith coimhead às dèidh gach teine a bhiodh a' cumail an taigh blàth. Dh'fheumar an luath a thogail agus an grèat agus an teàrnadair a ghlanadh. Dh'fheumadh iad cuideachd am peile guail a lìonadh. B' e obair gu math cruaidh a bha seo oir dh'fheumadh iad an gual a thoirt a-nuas às an t-seileir.



Ann an linn Bhictòrianach bhiodh cloc na sheasamh air an sgeilp os cionn an teine. Bha a bhith a' cumail ris an uair cudromach ann an taigh mar seo. Mus robh na rathaidean-iarann a' ceangal a h-uile baile ri chèile, bha uair eadar-dhealaichte aig gach baile. Mar a dh'fhàs na rathadan-iarainn, thàinig na buidhnean gu lèir gu co-dhùnadh gun cleachdadh iad uair Lunnainn. Mu 1855 bha an ìre mhath a h-uile cloc ann am Breatainn a' sealltainn uair Greenwich. Tha iuchair a' chloc a dhìth.



Tha solas na grèine a' toirt an dath às an àirneis 's às a' bhrat-ùrlair, agus mar sin bhiodh còmhdach aodaich no fiodha air a h-uile uinneag. Bha iad aig an àm seo dhen bheachd gun robh uinneagan cunnartach a thaobh fuachd agus togail ghalairean. Bha brat-ùrlair gu math daor agus bhiodh a' Bhana-mhorair Mhoireach air a bhith gu math pròiseil dheth. Tha uinneag san t-seòmar-suidhe air a bhith air a fàgail fosgailte.



Bha clann mar Iseabail beò aig àm làn atharrachaidhean ann an conaltradh. Ann an 1840, chruthaich Rowland Hill am 'penny post'. Dh'fhaodadh tu litir a chur a dh'àite sam bith airson aon seann sgillinn (1d). Airson sealltainn gu robh iad air pàigheadh, bha am fear a chur air falbh an litir a' cur stampa sgillinn air an litir. Bha cuid de na litrichean a' falbh air trèana agus air an cur an òrdugh fhad 's a bha iad air an trèana.

Luchd-fianais



"Carson a chur iad Anndra air falbh chun sgoil-còmhnaidh ud? Chan eil duine agam a chluicheas còmhla rium agus tha mi aonranach. Ach uaireannan tha mi ag eudach ri mo bhràthair. Bidh cothrom aigesan caraidean ùra a dhèanamh agus rudan ùra fheuchainn. Feumaidh mise fuireach an seo agus ionnsachadh mar a bhios mi nam bhean-uasal òg. Tha an t-searbhannt ùr, Ceit, gu math dòigheil. Tha i air tighinn bho thaigh nam bochd sa Chaisteal Nuadh. Dh'fhàg a pàrantan ann i nuair a bha i na pàiste.

Tha Ceit làn fealla-dhà. Bidh i a' cluich gheamannan còmhla rium nuair nach eil duine a' coimhead. Tha i an còmhnaidh a' tuiteam agus a' dèanamh bùrach den h-uile càil. Tha a' Bhean-phòsta Chaimbeul, an neach-taigheadais, air trod rithe.

Tha rudan fhathast a' dol a dhìth. Tha Mamaidh a' smaoineachadh gur e Ceit am mèirleach a tha air an t-sèine bho uaireadair m' athar agus fàinne-cluaise neamhnaid mo mhàthar a ghoid. Tha i cuideachd air mothachadh gu bheil rud no dhà de na nithean agamsa air falbh mar a' phoit-tì chopair.

Tha fios agamsa gur e nighean onarach a th' ann an Ceit agus dearbhaidh mi sin dha mo mhàthair. Tha mi an dòchas aon latha gum faigh i trèanadh airson a bhith na neach-cuideachaidh. Abair fuaime neònach. Cò bha siud? Tha coltas ann gu bheil e tighinn bho mhullach an taighe".

An Sgeulachd

Seòmar-suidhe: Tha Iseabail a' cur nithean bhon taigh gu a bràthair. Tha iuchair a' chloc a bh' air sgeilp an àite-teine air dhìth, tha an uinneag air a fàgail fosgailte agus tha dust a' ghuaill air an làr.

Seòmar-sgoile




Seo an seòmar-sgoile aig Caisteal Mhoireach. Tha deasgaichean, bòrd-dubh agus leabharlann ann.

Bha clann bho theaghlaichean beartach air an teagasg còmhla nuair a bha iad òg. Bhiodh balaich a' fàgail aig seachd airson a dhol gu sgoil-còmhnaidh. Bhiodh na nigheanan a' fuireach aig an taigh agus bha tidsear gan teagasg.

Bhiodh na nigheanan bho theaghlaichean beartach ag ionnsachadh sgilean-sòisealta mar ealain, dannsa, marcachd agus ceòl, a bharrachd air leughadh is sgrìobhadh.

Nithean



Bha clann ag ionnsachadh sgrìobhadh ann an dòigh-sgrìobhaidh sònraichte ris an canar "copperplate". Bha iad a' sgrìobhadh a-mach na h-aon loidhnichean bho na leabhraichean aca a-rithist 's a-rithist. Bha gob stàilinn air a h-uile peann agus bhithe gam bogadh ann an inc a h-uile facal no dhà.



Bha clann ag ionnsachadh cruinn-eòlas bho chruinne mar seo. Bhiodh mòran den chruinne le dath dearg air, a' comharrachadh Ìmpireachd Bhreatainn. Sna 1850an b' e Breatainn an rìoghachd-malairt a bu chudromaiche san t-saoghal agus bha i

a' cleachdadh a beartais gus buaidh a thoirt air dùthchannan eile.




Bha a' mhòr-chuid de na nigheanan ag ionnsachadh fuaigheal nuair a bha iad ceithir no còig bliadhna a dh'aois. Dh'fheumadh eòlas a bhith aig nigheanan bho theaghlaichean bochda air mar a dhèanadh no mar a chàraicheadh iad aodach. Dh'fhaodadh iad cuideachd obair fhaighinn mar bean-fhuaigheil.

Bhathar a' brosnachadh nigheanan à dachaighean beartach gu bhith a' dèanamh obair ghrèis coltach ris an t-samplair seo.



Bha daoine ann an linn Bhictòria math air cruinneachadh agus seòrsachadh bheathaichean, iseanan agus bhiastagan. Bha leabhraichean mu eachdraidh nàdair, uaireannan le dealbhan dathach brèagha, a' reic fìor mhath. Seo duilleag bho leabhar mu dheidhinn isean air a bheil an t-ainm Corvus Monedula - an t-ainm saidheansail airson cathag. Tha cathagan math air dèanamh ath-aithris air fuaimean eile agus tha iad math air a bhith a' goid, gu h-àraid uighean agus nithean gleansach.



Chì sibh bhon duilleag ciùil seo gu bheil cuideigin ag ionnsachadh a' phiàna. Tha e glè choltach gur e Iseabail a bh' ann. Bhathar ga fhaicinn riatanach gun cluicheadh leiddh òg ionnsramaid ciùil. Uaireannan bhiodh iad ag iarraidh air Iseabail am piàna mòr san t-seòmar-suidhe a chluich mar chur-seachad do a pàrantan 's a càirdean. Bha cruinneachadh de dhuilleagan ciùil air an cumail ann an stòl a' phiàna.

Luchd-fianais



"Tha mi fortanach an seo ann an Caisteal Mhoireach. Tha tuarasdail math agam - £30 gach bliadhna, ach feumaidh mi £5 a phàigheadh airson mo nigheadaireachd.

Ach tha eagal orm gu bheil iomagain air a bhith orm mu Iseabail. Chan eil i mar a bha i on dh'fhalbh a bràthair. Bha an làmh-sgrìobhadh aice truagh an-diugh agus nuair a bha i a' cluich a' phiàna cha robh beothas sam bith sa chluich aice.

Tha Ceit, an t-searbhant ùr, gam bhuaireadh a h-uile car. Dh'iarr mi oirre na tobraichean-inc a lìonadh ach dhòirt i inc air feadh an làir. Tha Ceit làn fealla-dhà ach chan eil tuigse aice air a suidheachadh. A dh'aindeoin iomadh rabhadh, tha i fhathast a' bruidhinn ri Iseabail agus a' cluich còmhla rithe.

Ach tha eagal orm gu bheil mi amharasach mu rudan nas miosa na sin cuideachd. Chaidh an fhàinne-seula òr agam air chall. Dh'fhàg mi i air sòl uinneag an t-seòmar-sgoile an-dè. Nuair a thàinig mi air ais an-diugh sa mhadainn cha robh sgeul air an fhàinne agam.

An dùil an e mèirleach a th' ann an Ceit? Cha bu chaomh leam a faicinn a' dol air ais gu taigh nam bochd fo nàire.

O, tha an nighean eagallach ud air an uinneig fhàgail fosgailte a-rithist. Feumaidh mi falbh ga dùnadh mus fhaigh a' Mhaighdeann Iseabail fuachd."

An Sgeulachd

Seòmar-suidhe: Tha Iseabail a' cur nithean bhon taigh gu a bràthair. Tha iuchair a' chloc air dhìth, tha an uinneag air a fàgail fosgailte agus tha dust a' ghuaill air an làr.

Seòmar-sgoile: Tha an tidsear air an fhàinne òir aice a chall agus tha i a' cur a' choire air Ceit. Tha uinneag fosgailte.

Seòmar-leanabain



Seo seòmar nan leanaban ann an Caisteal Mhoireach. Ann an taighean beartach bhiodh a' chlann a' cur seachad a' mhòr-chuid dhan ùine cuide ri nanaidh. Bhiodh iad a' gabhail am bidhe anns an t-seòmar seo. Gach feasgar bhiodh iad a' cur uair a thìde seachad còmhla ri am pàrantan.

Bha goireasan tèarainteachd ann mar bàraichean air na h-uinneagan agus dìdein teine àrd agus tèarainte.

Nithean



Tha an each tulgach seo gu math mòr agus cha bhiodh airgead gu leòr aig duine ach na teaghlaichean beartach fear cho mòr ri seo a cheannach. Ann an linn Bhictòria bha dèideagan air an dèanamh ann am factaraidhean agus bùthan-obrach. Bha seo a' ciallachadh gun robh cothrom aig teaghlaichean sam bith an cheannach. Bha dèideagan ùra mar saighdearan, beathaichean meacanaigeach agus òrgain baraille gu math cumanta.



B' e latha fois a bh' ann an Là na Sàbaid agus bhiodh teaghlaichean beartach a' dol dhan eaglais. Bha biadh air a dheasachadh ro-làimh. Bha na searbhantan saor airson a dhol a thadhal air an teaghlaichean. Bhiodh clann a' leughadh sgeulachdan on Bhioball no a' cluich le dèideagan sònraichte mar chruinneachadh de ìomhaighean agus an àirc seo.



Cha robhar a' brosnachadh nighnean gu bhith a' cluich criogaid no ball-coise. Ach b' urrainn dhaibh dèanamh a' chùis air na balaich aig croquet. Thàinig croquet gu Breatainn ann an 1851 aig an Taisbeanadh Mòr aig Crystal Palace. Chòrd e ri boireannaich seach gur e a' chiad geama a dh'fhaodadh iad a chluich an aghaidh nam balach.



Bu toigh le cloinn bho linn Bhictòria an geamhradh oir bha e a' ciallachadh aon rud - spèileadh air an deigh. Agus cha b' e dìreach na daoine beartach a bha dèidheil air. Bha lochan agus lòin reòta sna bailtean mòra mar bu tric trang.

Nuair a bha e trang bhiodh cothrom ann cosnadh a dhèanamh. Bhiodh feadhainn a' cur a-mach paidhir spèilidhean air màl airson sia sgillinn 's bhiodh sguabair a' cumail an deigh rèidh, an dòchas gum faigheadh e duais.



Seo tòimhseachan fiodha le dà thaobh. Nuair a tha gach cumadh air a chur dhan òrdugh cheart, tha aon thaobh a' sealltainn rìghrean agus banrìghrean tro na linnnean 's an taobh eile a' sealltainn map den Roinn Eòrpa. Bha seo gus eachdraidh agus cruinn-eòlas a theagasg do chloinn ann an linn Bhictòria.

Seo tòimhseachan simplidh. Tha na pìosan fiodha lùbte an àite a bhith a' glasadh ri chèile. Cha robh mìrean-measgaichte ann gu na 1870an.

Luchd-fianais



“Tè thaigh nam bochd’ – sin an t-ainm a tha iad air a thoirt orm. Tha sin seach gu robh mi air mo bhreith ann an taigh nam bochd sa Chaisteal Nuadh.

Tha mi ag èirigh ag sia uairean a h-uile madainn, a’ sguabadh agus a’ dustadh. Tha a h-uile àite-teine a tha siud ri ghlanadh agus a h-uile teine a tha siud ri thogail... Agus chan eil mi a’ sguir gus a bheil an teaghlach anns an leabaidh – mar is tric an dèidh aon uair deug.

B’ fheàrr leam gun sguireadh càch ag obair orm. Bidh iad ag ràdh nach eil mi an seo ach seach gur e Crìosdaidh math a th’ anns a’ Bhana-mhorair Mhoireach.

Tha mi a’ smaoineachadh gu bheil farmad aca rium. Tha fios aca gu bheil a’ Mhaighdeann Iseabail dèidheil orm. Tha iad air a bhith a’ trod rium airson a bhith a’ bruidhinn rithe ach chan eil mi air èisteachd riutha. Tha i aonranach.

Bha Iseabail gu math brònach sa mhadainn an-diugh oir bha feadhainn de na beathaichean aice air a dhol air chall às an àirc. Cha robh dèideagan mar siud agamsa a- riamh – chan eil ach doile robach agamsa.

Ach tha mi smaoineachadh a-nis gum faca mi fear dhuibh a-muigh, mar gun robh e air tuiteam a-mach air an uinneig. Tha mi a’ smaoineachadh gur dòcha gu bheil fios agam cò ghoid iad, agus tha fios ‘am ciamar a gheibh mi a-mach cò rinn e!”

An Sgeulachd

Seòmar-suidhe: Tha Iseabail a’ cur nithean bhon taigh gu a bràthair. Tha iuchair a’ chloc air dhìth, tha an uinneag air a fàgail fosgailte agus tha dust a’ ghuail air an làr.

Seòmar-sgoile: Tha an tidsear air an fhàinne òir aice a chall agus tha i a’ cur a’ choire air Ceit. Tha uinneag fosgailte.

Seòmar-leanabain:

Tha na beathaichean à àirc Noah aig Iseabail air a dhol air

chall. Carson a bhiodh cuideigin ag iarraidh an goid? Tha Ceit amharasach an dèidh dhith dèideag a lorg a-muigh fon uinneag.

Cidsin



B' e an cidsin an t-àite san robhar a' dèanamh a' chòcaireachd. Bha obair mar rùsgadh glasraich air a dhèanamh san sguilearaidh agus soithichean air an nighe san seòmair-bidh.

B' e searbhant fìor chudromach a bha ann an deagh chòcaire, agus a thuilleadh air a' bhuidealair - a bha a' faighinn bu mhotha de phàigheadh - a' cosnadh uiread ri £70 sa bliadhna.

Nithean



Chaidh an stòbha bheag seo a dèanamh mar dhèideag ach bha an stòbha a bh' ann an cidsin Caisteal Mhoireach na àmhainn agus na goileadair uisge cuideachd, le mullach oirre airson biadh a dheasachadh. Bha seo tòrr na b' fheàrr na bhith a' còcaireachd air teine fosgailte, le sùith a' tuiteam air a' bhiadh. Tha ite dhubh ri taobh na stòbha.



Bha bainne air a thoirt a h-uile latha chun na taigh-bainne aig Caisteal Mhoireach ach cha robh daoine ann am bailtean mòra cho fortanach. Bha an crodh air an cumail ann an stàilean

salach agus bha am bainne tric air a thruailleadh. Bha cuid ga chleachdadh airson còcaireachd agus airson ìm a dhèanamh, no air fhàgail airson càis a dhèanamh nuair a bha e geur.



Bha an nigheadaireachd air a dhèanamh san t-seòmar-nighe fliuch le na mnathan-nigheadaireachd. Bha goileadairean mòra ann an seo airson teasachadh an t-uisge. Bha stòbha san t-seòmar-nighe tioram airson a bhith a' teasachadh nan iarann agus an ulag, a b' urrainn a bhith air an togail an-àirde gu mullach an taighe airson aodach a thiormachadh.



Bha an cumadh seo ann an riochd asparag air a chleachdadh airson uisge deigh a dhèanamh. B' e sin uisge reòta le dathan agus blasan. Cha robh fuaradairean aig na daoine ann an linn Bhictòria ach bha taighean-deigh aig na teaghlaichean beartach. Bha deigh air a ghearradh às na lochan sa geamhradh agus air a chumail ann an seòmar fon talamh. Bha an deigh air a gleidheadh chun t-samhradh agus bha i air a cleachdadh airson mìlsean annasach agus deochan a dhèanamh.



Bha an t-inneal seo air a chleachdadh airson lusan bho ghàrradh a' chidsin a ghearradh agus a phronnadh. Bha gàrradh a' chidsin air a dhùnadh a-staigh le balla mòr airson fasgadh a thoirt dha. Bha na ballachan a' gleidheadh teas na grèine agus mar sin dh'fhaodadh iad craobhan agus measan a chuir rin taobh. Na bhroinn bha sreathan de ghlasraich agus flùraichean. Bha cuideachd taighean-glainne mòr teasaichte ann agus dh'fhaodadh bàrr annasach a bhith air a chur fad na bliadhna.

Luchd-fianais



"Thadhail mi a-staigh chun chòcaire sa chidsin le flùraichean agus dh'eigh i rium seach gun robh mo bhrògan làn poll. 'Cò tha thu a' smaoineachadh a th' annam?' dh'eigh mi, 'Ban-òglach? Gun teagamh tha poll air mo bhrògan, 's e gàirnealair a th' annam.'

Bidh sinn tric a' dol a-mach air a chèile ach tha mi smaoineachadh gun urrainn dhith a bhith cruaidh air an luchd-obrach òg. An nighean ud bho thaigh nam bochd mar eisimpleir.

Lorg mi i a' rànaill o chionn ghoirid. Bha i air trod fhaighinn airson dubhailte soithichean a losgadh le iarann agus chaidh an coire a chur oirre airson flùr a chaidh a dhòirteadh air a' bhòrd sa chidsin.

Tha mi air a bhith a' cluinntinn sgeulachdan àraid mu deidhinn. Mar a tha rudan beaga a' dol air chall, mar a tha a' Bhana-mhorair Mhoireach air a cur troimh-a-chèile, agus gur dòcha gur e Ceit am mèirleach.

Uill, chan eil fios agamsa mu dheidhinn a h-uile càil a tha sin, ach tha mise a' smaoineachadh gum biodh nighean sam bith bho thaigh nam bochd cho toilichte a bhith an seo is nach goideadh i càil bhon feadhainn a thug a-steach i.

Tha mise a' smaoineachadh gu bheil fios agamsa de thachair dhan fhlùr. Chan fhaca an còcaire na làraich bheaga. Cha bhi i a' cur a ceann a-mach às a' chidsin. Chan aithnich i isean bho dhealan-dè. Tha mise a' smaoineachadh gu bheil mèirleach le sgiathan air a bhith a' goid sa chidsin."

An Sgeulachd

Seòmar-suidhe: Tha Iseabail a' cur nithean bhon taigh gu a bràthair. Tha iuchair a' chloc air dhith, tha an uinneag air a fàgail fosgailte agus tha dust a' ghuaill air an làr.

Seòmar-sgoile: Tha an tidsear air an fhàinne òir aice a chall agus tha i a' cur a' choire air Ceit. Tha uinneag fosgailte.

Seòmar-leanabain: Tha na beathaichean à àirc Noah aig Iseabail air a dhol air chall. Carson a bhiodh cuideigin ag iarraidh an goid? Tha Ceit amharasach an dèidh dhith dèideag a lorg a-muigh fon uinneag.

Cidsin: Tha poit bheag chopair air a dhol air chall bhon stòbha. Tha an gàirnealair air mothachadh gu bheil làraich spuirean isein air am fàgail ann am flùr.

Beachd an Eòlaiche

A' coimhead air ais air na h-àitean, tha coltas gun tàinig cuideigin a-steach agus gun do ghoid iad na nithean.

Ach cò, no 's dòcha gum bu chòir dhomh a ràdh dè, a ghoid na nithean seo anns nach robh mòran luach?

A' cleachdadh na tuairmsean seo, fhuair mi air a' cheist a fhreagairt.

A. Leabhar-latha Iseabail. An do leugh sibh na facail aig an deireadh mu dheidhinn guth neònach.

B. Dh'innis an duilleag bhon leabhar mu eòin dhuinn barrachd mun mheirleach... Uabhasach ealanta, le ainm airson a bhith a' goid, math air a bhith a' magadh. A bheil beachd agad?

C. Na pìosan a tha air chall air Iseabail à àirc Noah. Gun mòran luach ach le dathan deàlrach!

D. Leabhar-latha a' ghàirnealair.

"Tha mise a' smaoineachadh gu bheil fios agamsa de thachair dhan fhlùr. Chan fhaca an còcaire na làraich bheaga. Chan aithnich i eun bho dhealan-dè. Tha mise a' smaoineachadh gu bheil mèirleach le sgiathan air a bhith a' goid sa chidsin."

An uair sin tha na h-uinneagan fosgailte, làraich spuirean eòin sa ghual, ann am flùr agus an ite dhubh...

Chì sinn a-nis dè a thachair...



Gàirnealair: A bheil cuimhne agad air na h-eòin a rinn ùpraid sa chidsin le flùr? Thug sin orm smaoineachadh. Mhottaich mi do chathag òg gam choimhead le sùilean beaga. Ghoid i fear de na tigeadan copair lusan bhon taigh-glainne.



Chunnaic mi i a' sgèith air ais chun nead ann an similear a' chidsin, 's na cathagan eile ag èigheachd mar gur i gaisgeach a bh' innte. Agus thuirt mi rium fhìn "dè eile a tha thu air a ghoid" - agus chaidh mi a thoirt sùil.



Chuir mi fhèin agus Ceit àradh ris a' bhalla 's chaidh ise suas gu mullach an taighe. Chuir i an nead fo h-achlais agus thug i sìos i. Agus tha mi smaoineachadh gu bheil sibh air tomhais de bh' ann: stòras de nithean.



Ceit: Tha mi cho toilichte gun d' fhuair sinn lorg air na seudan a bha air dhìth, eadhoin ged a bha agam ri dhol suas gu mullach an taighe. Tha fios agamsa gu robh na searbhantan eile agus Iseabail amharasach mu mo dheidhinn-sa. Thomhais mise gur e na cathagan a bh' ann nuair a fhuair mi lorg air a' bheathach bhon àirc na laighe air an fheur.



Iseabail: Tha mi cho toilichte gu bheil Ceit neo-chiontach. Tha mi a' dol a dh'iarraidh air Mamaidh i a bhith na searbhant agam, agus tha mi smaoineachadh gu bheil i a' faireachdainn cho ciontach gun robh ise a' smaoineachadh gur i Ceit am mèirleach 's gur dòcha gun aontaich i.